

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 427. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 123 corresponds to Litir 427.

Ann an Litir dà cheud, seasgad 's a h-aon (261), thug mi an seanfhacal dhuibh “**Is math an còcaire an t-acras**”. Ma tha an t-acras ort, bidh blas math air biadh sam bith, cha mhòr.

Co-dhiù, bha mi a' leughadh leabhar fìor mhath an latha eile. 'S e leabhar a mholainn do dhuine sam bith aig a bheil ùidh ann an dualchas nan Gàidheal. 'S e an t-ainm a th' air *Duanaire na Sracaire* agus 's e cruinneachadh de sheann bhàrdachd Ghàidhlig a th' ann – bàrdachd a tha a' buntainn ris a' mhìle bliadhna suas gu sia ceud deug (1600). Chaidh a dheasachadh le Wilson MacLeòid agus Meg Bateman, agus chaidh fhoillseachadh le Birlinn.

Am measg nan dàn anns an leabhar tha fear air a bheil '*S Maith an Còcaire an t-Ocras*. Chaidh a sgrìobhadh anns a' chòigeamh linn deug. An-diugh sgrìobhamaid '*S Math an Còcaire an t-Acras*. Nise 's e a' cheist a th' agam – dè thàinig an toiseach – an seanfhacal no an dàn? An do stèidhich am bàrd dàn air seanfhacal a bh' aig na Gàidheil roimhe, no an do chruthaich e an seanfhacal le bhith a' sgrìobhadh an dàn? 'S dòcha gu bheil sgoilear Gàidhlig a-muigh sin – ma tha a leithid ag èisteachd ri Litir do Luchd-ionnsachaidh – a chuireas ceart mi air a' cheist sin.

Tha amharas agam gun robh an seanfhacal ann roimhe – ann an cànanan eile, mura robh ann an Gàidhlig. A rèir Alasdair MhicNeacail, a chuir an leabhar *Gaelic Proverbs* ri chèile, canaidh na Gearmailtich *Hunger is der beste Koch*, canaidh na Sasannaich *Hunger is the best sauce* – agus tha abairtean car coltach ann an cànanan Eòrpach eile, Gàidhlig na h-Èireann nam measg.

Air ais don dàn. Thathar ag ràdh gur e Alasdair Stiùbhart, Iarla Mhàrr, a rinn an dàn – anns a' bhliadhna ceithir cheud deug, trithead 's a h-aon (1431), às dèidh Blàr Inbhir Lòchaidh. Bha e air an taobh a chaill sa bhatail agus bha e a' teicheadh bhon bhlàr. Seo mar a tha an dàn a' dol. Chan eil ann ach dà rainn:

*'S math an còcaire an t-acras,
'S mairg a nì tarcais air biadh,
Fuarag eòrn' à sàil mo bhròige
Biadh as fheàrr a fhuair mi riamh.*

*Oidhche dhomh bhith ann ad theach
Air mhòran bìdh 's air bheag eudaich;
Fhuaras sàth mòr de dh'fheòil air droch bhruich
O Ó Birein sa Bhreugaich*

'S dòcha gum bu chòir dhomh facal no dhà a mhìneachadh. 'S e *fuarag eòrna* “barley brose” –min eòrna air a mheasgachadh le uisge fuar. 'S e *teach* – taigh – canaidh iad sin ann an Èirinn, agus tha e againn fhathast ann an “**a-steach**”, **anns an teach**. Tha eudaich a’ ciallachadh “aodaich”, agus 's e Ó Birein fear Èireannach, no fear le ainm Èireannach, a bha a’ fuireach sa Bhreugaich no sa Bhriagaich anns a’ Ghleann Ruaidh, faisg air Inbhir Lòchaidh.

Tha mòran a bharrachd agam ri innse dhut mun dàn ach feumaidh sin feitheamh chun an ath thurais. Ach mus fhalbh mi, seo e a-rithist:

*'S math an còcaire an t-acras,
'S mairg a nì tarcais air biadh,
Fuarag eòrn' à sàil mo bhròige
Biadh as fheàrr a fhuair mi riamh.*

*Oidhche dhomh bhith ann ad theach
Air mhòran bìdh 's air bheag eudaich;
Fhuaras sàth mòr de dh'fheòil air droch bhruich
O Ó Birein sa Bhreugaich*

* * * * *

Faclan na Litreach: dàn: *poem*; Iarla Mhàrr: *The Earl of Mar*; Blàr Inbhir Lòchaidh: *The Battle of Inverlochy*; teicheadh: *fleeing*; Gleann Ruaidh: *Glen Roy*.

Abairtean na Litreach: bìdh blas math air biadh sam bith, cha mhòr: *almost any sort of food will taste good*; 's e leabhar a mholainn: *it's a book I'd recommend*; bàrdachd a tha a' buntainn ris a' mhìle bliadhna: *poetry which belongs to the thousand years*; chaidh fhoillseachadh: *it was published*; tha amharas agam gun robh an seanfhacal ann roimhe: *I expect the proverb was pre-existent*; 's mairg a nì tarcais air biadh: *woe to him who disdains food*; à sàil mo bhròige: *from the heel of my shoe*; biadh as fheàrr a fhuair mi riamh: *the best food I ever got*; oidhche dhomh bhith ann ad theach: *one night [when] I was in your house*; air mhòran bìdh 's air bheag eudaich: *on plenty food and little clothing*; fhuaras sàth mòr de dh'fheòil air droch bhruich: *a fill was got of badly cooked meat*; tha mòran a bharrachd agam ri innse dhut: *I have much more to tell you*; mus fhalbh mi: *before I leave*.

Puing-chànain na Litreach: “**a-steach**”, **anns an teach**: *in the text I said that a-steach is derived from anns an teach. To be slightly more accurate, MacBain in his Etymological Dictionary of the Gaelic Language tells us that it developed, at a much earlier stage of the language, known as Early Irish, from in-san-teach, “into the house”. A-staigh – using, taigh, a form of teach, developed similarly. In some parts of the Gàidhealtachd a-staigh is used to convey movement into a house, as well as the state of being inside eg “thig a-staigh” (come inside) rather than (the more common) “thig a-steach.” Next week I'll tell you where a-mach/a-muigh came from!*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Is math an còcaire an t-acras:** *hunger is a good cook (see also Litir 216).*

* Tha “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.